



Tìotal: Faireachdainnean agus Sàbhailteachd
Pàirt 1: Seo mar tha mi a’ faireachdainn

Ìre: A’ CHIAD

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi mothachail air mar a tha sinn a’ dèanamh charaidean agus gum faod rudan as toigh leat, nach toigh leat, comasan no feuman sònraichte buaidh a thoirt air dàimhean. HWB 1-44a</p> <p>Tha mi a’ tuigsinn rudan math mu chàirdeasan agus mu dhàimhean, ach nuair a bhios rud sam bith a’ cur dragh no iomnaidh orm tha fios agam cò ris a bhruidhneas mi. HWB 1-44</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus ’s urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a’ cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 1-45b</p>	<p>Tha an t-Eòlas/a’ Bhuil seo na phàirt de Slàinte is Sunnd – Dleastanas nan Uile a tha a’ gabhail a-steach nan còig ìrean gus ionnsachadh agus leasachadh a chòmhdach ann an Slàinte is Sunnd. Chan eil slatan-tomhais ann airson an E/B seo.</p>

Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann am faireachdainnean aithneachadh.
- Gun toir clann seachad eisimpleirean air mar a bhios iad a’ faireachdainn aig diofar amannan no ann an diofar shuidheachaidhean.
- Gun ionnsaich iad na nì iad ma tha taic a dhith orra.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- ‘S urrainn dhomh m’ fhaireachdainnean a chur an cèill.
- ‘S urrainn dhomh bruidhinn air dàimhean agus càirdeasan.
- Tha fios agam cò chuidicheas mi agus cò chumas sàbhailte mi agus cò ris a bhruidhneas mi ma tha iomagain orm.
- Tha mi ag ionnsachadh mar a nì mi conaltradh èifeachdach.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Òrain mu fhaireachdainnean <https://www.bbc.co.uk/cbeebies/watch/feeling-better-songs-playlist#playlist>
- *The Present* film le Jacob Frey <https://vimeo.com/jacobfrey/thepresent> (faid 4 mion 19 diog.)
- The Feelings Song (faid 3 mion 12 diog.) <https://youtu.be/UsISd1AMNYU>
- ‘My many coloured days’ Dr Seuss (ISBN 0099266598)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh cuiribh an bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th’ ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

Obair:

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh mas urrainn dhan chloinn suidhe còmhla. Tòisich mar seo. Inns dhan chloinn gum bi iad a' bruidhinn mu fhaireachdainnean, nuair a bhios cuid de fhaireachdainnean againn agus cò ris a bhruidhneas sinn mun deidhinn ma dh'fheumas sinn.
2. **A' sealltainn faireachdainn le ar n-aodainn (agus ar bodhaigean):** Mìnich gun urrainn dhuinn sealltainn mar a tha sinn a' faireachdainn gun ghuth a ràdh – nar n-aodainn agus nar bodhaigean. Seall an slaighd le **liosta nam faireachdainnean agus nan emojis**. Inns dhan chloinn gu bheil thu a' dol a thaghadh faireachdainn agus gu bheil thu a' dol ga shealltainn air d' aodann agus le do bhodhaig feuch an dèan iadsan a-mach dè an faireachdainn a th' ann.
 - Tagh aon de na faireachdainnean air an liosta agus seall e air d' aodann agus le do bhodhaig.
 - Nuair a gheibh iad an fhreagairt cheart, faighnich dhaibh: **Cuin a dh'fhaodadh neach faireachdainn mar seo? An robh thusa riamh a' faireachdainn mar seo? An e deagh faireachdainn a tha seo no a bheil e mì-chofhurtail? An tug thu an aire riamh gun robh cuideigin eile a' faireachdainn mar seo?**
 - Iarr air a' chloinn an faireachdainn seo a shealltainn air na h-aodainn aca agus leis na bodhaigean aca.

Dèan seo a-rithist le grunn chloinne aig aghaidh a' chlas a' sealltainn faireachdainn bhon liosta (faodaidh iad fear sam bith a thaghadh, fiù 's ged a bhiodh e air a chleachdadh mar-thà), actadh dhan chlas, an uair sin bruidhinn mu gach fear (cuir a-steach faireachdainnean sam bith eile air an smaoinich thu, no dh'fhaoite gun smaoinich a' chlann air feadhainn):

Liosta faireachdainnean:

- Crosta/feargach
- Misneachail
- Toilichte
- Coibhneil
- Nearbhasach
- Moiteil
- Mì-thoilichte
- Sgìth
- Troimh-a-chèile

3. Tha **2 thaghadh** an seo, agus faodaidh sibh fhèin cur romhaibh cò aca as freagarraiche dhan chlas/bhuidheann agaibhse. Bidh Taghadh A nas freagarraiche do dh'fheadhainn a tha fhathast ag obair tro na stuthan Tràth ìre/Ciad ìre thràth. Tha Taghadh B freagarraich dhan fheadhainn a tha gu soilleir ag obair aig a' Chiad ìre.

A. Feelings songs. Mìnich dhan chloinn gu bheil iad dol a choimhead 3 òrain ghoirid mu fhaireachdainnean. Às dèidh dhaibh gach òran fhaicinn, bidh iad a' bruidhinn mun faireachdainn sin. An uair sin coimheadaibh gach òran (An toiseach an t-òran Air Bhioran/**excited**, an uair sin an t-òran diùid/**shy**, an uair sin an t-òran iomagain/**worried**), agus às dèidh gach òran, meòraichibh air na ceistean seo (atharraich a' cheist a rèir an faireachdainn):

- Cò mu dheidhinn a bha na caractaran san òran a' faireachdainn air bhioran/diùid/iomagaineach?
- Dè bhios a' toirt oirnn a bhith a' faireachdainn air bhioran/diùid/iomagaineach?
- Ciamar a bhios e a' faireachdainn nad bhodhaig nuair a tha thu air bhioran/diùid/iomagaineach?

An uair sin airson diùid/iomagaineach a-mhàin:

- Ciamar as urrainn dhuinn cuideigin a chuideachadh ma tha iad diùid/iomagaineach?
- Dè as urrainn dhutsa a dhèanamh ma tha thu a' faireachdainn diùid/iomagaineach?

Tha na h-òrain sa chlàr seo mu mhionaid a dh'fhaid:

<https://www.bbc.co.uk/cbeebies/watch/feeling-better-songs-playlist#playlist>

B. The Present film le Jacob Frey <https://vimeo.com/jacobfrey/thepresent>

(faid 4 mion. 19 diogan) Tha am film seo, a bhuannaich duaisean, mu bhalach agus cuilean ùr. Nuair a bhios a' chlann a' coimhead an fhilm, dh'fhaoite iarraidh orra coimhead feuch dè na faireachdainnean a th' aig a' bhalach tron sgeulachd. Às dèidh dhaibh a choimhead, seo ceistean airson còmhraidh – an toiseach còmhla ri neach a tha rin taobh agus an uair sin mar bhuidheann:

- Ciamar a tha am balach a' faireachdainn aig toiseach an fhilm?
- A bheil faireachdainnean ann a tha làidir?
- A bheil faireachdainnean ann a tha mì-chofhurtail no nach eil math?
- Ciamar a tha na faireachdainnean aige ag atharrachadh, agus ciamar a tha e a' faireachdainn aig deireadh an fhilm?

4. Bruidhinn air mar a tha sibh air a bhith a' coimhead air agus a' bruidhinn mu fhaireachdainnean. Seo òran mu fhaireachdainnean. **The Feelings Song** (faid 3 mion. 12 diog) Tha na faclan air an sgrion (agus an cois a' phlana seo), cuideachd a' cleachdadh an fhacail eimseanan. 'S dòcha gum bi sibh airson a choimhead a-rithist tron t-seachdain: <https://youtu.be/UsISd1AMNYU>
5. **Dè an dath a th' air an latha agad?** Leugh leabhar Dr Seuss *My many coloured days*, tha an leabhar a' toirt a-steach a' bhun-bheachd gun gabh dathan cleachdadh gus innse mar a tha neach a' faireachdainn. Nuair a tha sibh ga leughadh, no aig toiseach no deireadh gach latha, faodaidh sibh faighneachd 'dè an dath a tha thu a' faireachdainn/a th' air na faireachdainnean agad?'
6. **Airson crìochnachadh**, iarr air a' chloinn stad airson mionaid agus smaoinich air cuideigin ris am bruidhneadh iad nam biodh faireachdainn làidir no ceist aca no ma bha iomagain orra. Cuir nan cuimhne gum faod iad tighinn thugadsa cuideachd sna suidheachaidhean seo.

Beachdan eile

BBC Sounds: Something to think about: My Feelings: Feeling...worried: Pios audio le sgeulachdan agus òrain a' coimhead air mar a dh'fhaodas draghan fàs agus do ghabhail thairis – thu fhèin agus an dol-a-mach agad. (14 mionaidean 42 diog.) <https://www.bbc.co.uk/sounds/play/b03g6vpf> Thoir an aire: Tha seo a' crìochnachadh le ùrnaigh ghoirid ag iarraidh air clann a bhith coibhneil.

Notaichean a bharrachd:

Faodaidh Prosopagnosia no face blindness a bhith air cuid de chlann air a bheil autism. Tha seo a' ciallachadh gu bheil duilgheadas aca ag aithneachadh fiamhan aodainn. 'S dòcha gur e an leasan seo a' chiad thuras a tha iad a' faighinn cothrom coimhead air cànan bodhaig agus mar a bhios daoine a' sealltainn fhaireachdainnean gu fiosaigeach. 'S dòcha gum bi duilgheadas aig feadhainn ag aithneachadh nan diofaran beaga, mar eisimpleir eadar toilichte agus air bhioran. Faodaidh budaidheadh eadar pàiste le autism agus pàiste spreigeach as urrainn faireachdainn a shealltainn an t-ionnsachadh aca a bhrosnachadh.

- 'S dòcha gum bi duilgheadas aig clann a tha fo chùram neach aithneachadh ris am bruidhinn iad mu na draghan aca, no dh'fhaoite nach eil cothrom aca air faighinn chun an inbhich sin. Cleachd d' eòlas airson a bhith cinnteach gu bheil fios aig a' chloinn sin gu bheil thusa nad inbheach earbsach thuig am faod iad tionndadh.
- A thaobh clann le duilgheadasan fradhairc, bidh an leasan nas fhosgailte dhaibh ma tha sibh gu math soilleir mu na faireachdainnean nur bodhaig agus bidh na feithean a bhios a' gluasad nur n-aodann a' dèanamh an leasain nas fhosgailte cuideachd.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaoite gum bi an teacsa seo feumail airson ionnsachadh sgoile a cheangal ri ionnsachadh dachaigh:


Tha a' chlann ag obair air a' chuspair Faireachdainnean. Bidh sinn ag ionnsachadh mu na diofar fhaireachdainnean a bhios aig neach, agus a' smaointinn air dè d'ireach a bhios sinn a' faireachdainn agus ciamar a bhios sinn a' sealltainn seo air ar n-aodann, nar bodhaigean agus le ar faclan. Bidh a' chlann a' smaoinichadh air tòrr dhiofar fhaireachdainnean, nam measg a bhith air bhioran, diùid, sàbhailte agus iomagaineach. Cleachdaidh sinn geamaichean agus sgeulachdan airson smaoinichadh air na faireachdainnean againn. Cleachdaidh sinn *My many coloured days* le Dr Seuss. (ISBN 0099266598) Tha an leabhar a' toirt a-steach beachd gu bheil dathan airson faireachdainnean a shealltainn, airson 's gum faighnich thu 'dè an dath a tha thu a' faireachdainn/ a th' air na faireachdainnean agad?' Agus bidh sinn ag èisteachd ris an òran: *The Feelings Song* <https://youtu.be/UslSd1AMNYU>

... (Cuir a-steach stuthan eile a thagh thu às an obair no à goireasan eile)

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- A' faireachdainn sàbhailte

Notaichean tidseir



Lyrics/The Feelings Song

I'm happy, she's sad
I'm angry, she's mad
I'm a boy, she's a girl

And this is the world

I'm hungry, he's thirsty
I'm sick and he's tired
He's a boy, I'm a girl

And this is the world

You get happy, you get sad
You get angry, you get mad
You go to bed then you wake up
You might just be okay
It's just the way that you're feeling now
Wait a while
It might just change somehow
It's just the way that you're feeling
The feeling may be fleeting
Here one second then it's gone
Gone, gone, gone!

We're feeling feelings every day

We're experiencing emotions all along the way
Some are good and some are bad
Some you wish you never had
But hey!
That's just the way we've got to play.

I'm excited, he's scared
I'm here and he's there
He's a boy, I'm a girl
And this is the world

I'm young, she's old
I'm hot and she's cold
I'm a boy, she's a girl
And this is the world